



Teisteanais  
Nàiseanta  
2024

X832/77/11

## Àrd-Ìre Adhartach

DICIADAIN, 29 CÈITEAN

9:00 M – 10:30 M

Gàidhlig  
Sgrùdadh

Gàidhlig Practical Criticism

### Comharran gu lèir — 30

Leugh Teacsa 1 agus Teacsa 2 agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* X 8 3 2 7 7 1 1 \*

## Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

### Teacsa 1 — Ficsean: Bàrdachd

#### An Tilleadh

O chionn bhliadhnachan bha sibh nur nurs anns na Hearadh.

“Thug mise air ais sibh air latha fliuch,” ars mise  
's na clachan ag èirigh mar gum b' ann à cuan glas.

- 5 “Tha deagh chuimhn' 'am air na rathaidean seo,” ars sibhse,  
“'s mi air baidhsagal is mi cho òg.  
Ach gun robh an rathad geal is na h-eòin a' seinn.”

Stad sinn aig taigh anns an tug sibh leanabh,  
o chionn bhliadhnachan, don t-saoghal gheal ud.

- 10 Bha cailleach na suidhe ris an teine, mac ri a taobh.  
“Tha seòrsa de chuimhn' 'am ort, seòrsa de chuimhne”, ars ise.  
“S esan a chuireas an teine thuige gach latha.”

Bha an t-uisg' a' dòrtadh nuair a dh'fhàg sinn an taigh,  
a' drùdhadh oirbh mus do ruig sibh an càr.

- 15 Ur n-aodann cho geal ri gruth\*, 's am baidhsagal  
ri taobh an rathaid, a' meirgeadh san lòn,  
às an robh aodann boireannaich òig a' sealltainn suas.

\*gruth – càise bàn

Le Iain Mac a' Ghobhainn (le beagan atharrachaidh)

## Ceistean

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

1. Seall mar a tha taghadh-facail agus structar air an cleachdadh ann an loidhnichean 1–2 gus an suidheachadh agus na daoine a tha an sàs a dhèanamh follaiseach aig toiseach na bàrdachd. 2
2. Seall mar a tha ìomhaigheachd agus taghadh-facail air an cleachdadh ann an loidhnichean 3–6 gus dealbh a chruthachadh air beatha na nurs. 3
3. Tha am bàrd a' toirt cunntas seachad ann an loidhnichean 7–11. Nad bheachdsa, dè na h-amasan a bh' aige anns an rann seo? 2
4. Seall mar a tha structar agus cànan air an cur gu feum ann an loidhnichean 7–11 gus an tachartas san rann seo a thoirt beò. 3
5. Seall le fianais dè cho èifeachdach 's a tha loidhnichean 12–16 mar dheireadh air a' bhàrdachd air fad. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air ìomhaigheachd agus taghadh-facail. 3
6. Seall le eisimpleirean mar a thug na cuspairean a tha air an togail anns a' bhàrdachd buaidh ort fhèin. 2

[Tionndaidh an duilleag

## Teacsa 2 — Neo-fhicsean: Rosg

### Miann agus Taghadh

Aig 36 tha mi a-nis air a bhith a' seachnadh feòil a cheart cho fada 's a bha mi ga h-ithe. Cha chreid mi gur e sgeul neo-àbhaisteach a th' ann an sin, agus gu leòr a' taghadh na slighe seo is iad nan deugairean: àm nar beatha nuair a bhios sinn a' feuchainn ri ceum a ghabhail air slighean ùra is annasach agus sinn airson ar ciall fhèin a dhèanamh de na tha a' dol air adhart timcheall oirnn.

5 Às na h-ochd bliadhna deug sin, tha mi air a bhith nam *vegan* fad nan ochd bliadhna mu dheireadh. Cha robh e riamh furasta agus tha fhios gun do ghoirtich mi feadhainn thar nam bliadhnachan — tha cuimhn' agam air mo sheanmhair chòir nach do thuig riamh carson a bha mi a' seachnadh an èisg ùir, dhaoir a chuireadh i romham air truinnsear.

Ann an dòigh, 's e rud ùr a th' ann am *veganism*. Chaidh am facal *vegan* a chruthachadh sna 1940 an leis an t-Sasannach Dòmhnall MacBhatair, fear a bha airson an dòigh-beatha seo a bhrosnachadh. B' e an fheallsanachd a bh' air cùl a' ghluasaid seo nach robh e ceart do dhaoine brath a ghabhail air beathaichean ann an dòigh sam bith, feallsanachd a bha connspaideach gu leòr aig àm, nuair a bha biadh fhathast gann às dèidh an Dàrna Cogaidh is daoine an eisimeil raiseanadh.

15 Ach a bheil e connspaideach an-diugh? Chan eil! Tha freumhan a' ghluasaid seo a' fàs anns na coimhearsnachdan timcheall oirnn fhèin: chaidh an àireamh de *vegans* ann am Breatainn suas bho 150,000 ann an 2014 gu 600,000 ann an 2019. Agus chan eil e na iongnadh! Chan eil latha a' dol seachad anns nach fhaic sinn dealbhan de na pòlaichean a leaghadh 's coiltean nan small; an saoghal nàdarra air a dhochann agus ris a sin a' bhuille chruaidh a tha tuathanasachd

20 bheathaichean a' toirt air. Is sinne fhathast gan àrach agus gam marbhadh agus gan ithe. Uill, cuid againn . . .

Nise, chan eil mi idir a' dol a dh'argamaid nach robh sinn ag ithe feòil gu h-eachdraidheil ann an Alba, ach 's i an fhìrinn a th' ann nach robh sinn idir ag ithe uimhir. B' e am buntàta bitheanta is brochan neartmhor connadh nan daoine àbhaisteach ann an Alba. Ged a bha feòil is bainne is uighean is eile cumanta gu leòr ann an cuid de sgìrean, cha robh ann am pailteas, agus bha na daoine a bha ag ithe nan nithean sin gu math mothachail air cò às an tàinig iad agus bha iad taingeil air an son.

Ach, bhris sinn an ceangal sin. Cò againn an-diugh aig a bheil eòlas air bleoghann na bà gus ar bainne fhaighinn? No a tha air latha a chur seachad ann an aon dhe na sabhail (factaraidhean?) sa

30 bheil na cearcan glaiste? No a tha air fiù deich mionaidean a chur seachad an lùib brùidealachd an taigh-spadaidh? 'S e a th' ann am feòil dhuinn an-diugh ach *stuth*, aon rud de mhìle nì eile a bhios sinn a' cleachdadh gach latha gun smaoineachadh air cò às an tàinig e, cà' bheil e a' dol agus an sgrios a nì e. Cuiridh e iongnadh orm gach latha cho coma 's a tha daoine mu chòraichean bheathaichean. Dhomhsa, tha gu leòr ann a sin fhèin gus toirt orm a bhith nam *vegan*, ach tha

35 adhbhar a bharrachd ann — adhbhar buileach nas cudromaiche.

A rèir aithris, tha àiteachas bheathaichean ag adhbhrachadh barrachd ghasaichean an taigh-ghlainne na còmhdhail agus seo aon dhe na prìomh adhbharan 'son meudachadh blàthachadh na cruinne: an sgàil mhòr dhubh os ar cionn a tha, mar-thà, a' toirt atharrachadh eagalach air a' phlanaid againn. Tha e doirbh a chreids nach urrainn cuid fiù 's smaoineachadh air

40 pònairean ithe an àite feòil, no cofaidh a ghabhail às aonais bainne, ged a bhiodh e a' ciallachadh nach biodh an stoirm mhòr a tha air fàire buileach cho bàsmhor dhan cuid cloinne. Chan ann oirne a thig an lèirsgrios, ach air na ginealaichean a tha ri thighinn. Cò againn a bhiodh deònach seasamh air beulaibh ar sliochd fhèin — a' mhuir ag èirigh os cionn an dachaighean is lochan a' tràghadh — is a ràdh riutha nach do rinn sinn dad mu dheidhinn a chionn 's nach b' urrainn

45 dhuinn a bhith “beò gun chàise no burgairean ithe”?

Gu sìmplidh, 's e ceist mhoralta a tha seo, air am feum sinn smaoineachadh ann an dòigh nas cùramaiche, seach fèineil. Nam biodh sinn uile na bu mhothachaile, an dà chuid air na tha sinn ag ithe agus na tha e a' cosg gus sin a chur air na truinnsearan againn, chan eil fhios nach fhàg sinn dìleab dhaibhsan a thig às ar dèidh: planaid, àrainneachd agus beatha.

## Ceistean

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às an teacsa far a bheil sin iomchaidh.

7. Coimhead air paragraf 1.  
Mìnich, nad fhaclan fhèin, mar a tha beachdan dhaoine a thaobh biadh air atharrachadh thar nan ginealach. 2
8. Coimhead air paragraf 2.  
Carson, nad bheachdsa, a bhiodh am beachd aig Dòmhnall MacBhatair connsaideach aig an àm? 1
9. Coimhead air paragraf 3.  
Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh taghadh-facail agus ìomhaigheachd gus dearbhadh gur e cuspair cudromach a th' ann am *veganism* san latha an-diugh? 3
10. Coimhead air paragraf 4.  
Seall mar tha an sgrìobhadair a' feuchainn ris an argamaid a chur an cèill ann an dòigh chothromach. Cleachd eisimpleirean/fianais às an teacsa nad fhreagairt. 2
11. Coimhead air paragraf 5.  
Seall mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh taghadh-facail, structar seantans agus tòn airson faireachdainnean a dhùsgadh anns an leughadair. 3
12. Coimhead air paragraf 6.  
Le bhith a' smaoinichadh air ais air an artaigil air fad, seall mar a tha an sgrìobhadair a' toirt na h-argamaid aige gu àirde anns a' pharagraf seo. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air ìomhaigheachd, taghadh-facail, guth an sgrìobhadair. 3
13. Coimhead air a' pharagraf mu dheireadh.  
A' beachdachadh air an artaigil air fad, dè cho èifeachdach 's a tha am facal 'dìleab' anns a' cho-dhùnadh? 1

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO